



Teisteanais
Nàiseanta
EISIMPLEIR A-MHÀIN

SQ24/H/01

Eachdraidh

Deit – Neo-iomchaidh

Ùine – 2 uair agus 20 mionaid

Comharran gu lèir – 60

ROINN 1 – ALBA – 20 comharra

Feuch AON Phàirt.

ROINN 2 – BREATAINN – 20 comharra

Feuch AON cheist bhon Phàirt a thagh thu

ROINN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL – 20 comharra

Feuch AON cheist bhon Phàirt a thagh thu

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd peann **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



SQ24H01

ROINN 1 – ALBA

Feuch AON Phàirt.

PÀIRTEAN

- | | |
|--|-------------|
| A. Cogaidhean na Saorsa, 1249 -1328 | Duilleag 3 |
| B. Linn an Ath-leasachaidh, 1542–1603 | Duilleag 5 |
| C. Cùmhnant an Aonaidh, 1689-1715 | Duilleag 7 |
| D. Imrich agus Ìompaireachd, 1830-1939 | Duilleag 9 |
| E. Buaidh a’ Chogaidh Mhòir, 1914-1928 | Duilleag 11 |

ROINN 2 – BREATAINN

Feuch aon cheist bhon Phàirt a thagh thu

PÀIRTEAN

- | | |
|--|-------------|
| A. Eaglais, Stàit agus Comann-sòisealta Fiùdalach, 1066–1406 | Duilleag 14 |
| B. Linn nan Caochlaidhean Mòra, 1603–1702 | Duilleag 14 |
| C. Malairt Atlantaigeach nan Tràillean | Duilleag 14 |
| D. Breatainn, 1851 -1951 | Duilleag 15 |
| E. Breatainn agus Èirinn, 1900–1985 | Duilleag 15 |

ROINN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

Feuch aon cheist bhon Phàirt a thagh thu

PÀIRTEAN

- | | |
|--|-------------|
| A. Cogaidhean na Croise, 1071–1204 | Duilleag 16 |
| B. Ar-a-mach Ameireaga, 1763–1787 | Duilleag 16 |
| C. Ar-a-mach na Frainge, gu 1799 | Duilleag 16 |
| D. A’ Ghearmailt, 1815–1939 | Duilleag 17 |
| E. An Eadailt, 1815–1939 | Duilleag 17 |
| F. An Ruis, 1881–1921 | Duilleag 17 |
| G. SA, 1918–1968 | Duilleag 18 |
| H. Sìtheachadh agus an t-Slighe gu Cogadh, gu 1939 | Duilleag 18 |
| I. An Cogadh Fuar, 1945-1989 | Duilleag 18 |

ROINN 1 – ALBA – 20 comharra

Pàirt A – Cogaidhean na Saorsa, 1249 -1328

Sgrùd na stòran gu h-ìosal agus freagair na ceistean a leanas.

Stòr A: bho Michael Prestwich, *Edward I* (1997).

Air sgàth bàs Alasdair, bha Mairead à Nirribhidh na h-oighre air Rìoghachd na h-Alba Rugadh Mairead ann an 1283 agus chaidh gabhail rithe mar oighre dligheach air an rìgh-chathair ann an 1284, ged nach robh boireannach riamh air riaghladh mar Bhanrigh na h-Alba. Ge-tà, thàinig atharrachadh air an t-suidheachadh ann an Alba as t-fhoghar 1290, nuair a bhàsaich Mairead ann an Arcaibh. Bha an snàithlean air an robh tèarainteachd na h-Alba an crochadh san àm ri teachd air briseadh. Sgrìobh Easbaig Friseal gu Rìgh Eideard I air an t-7mh den Dàmhair, ag innse gun robh fathan ann mu bhàs Maireid. Dh'iarr an t-easbaig air Eideard a thighinn gu tuath a dh'Alba gus casg a chur air aimhreit sam bith, oir bha an Raibeart Brus bu shine air tighinn a Pheairt, far an robh na h-uaislean air tighinn cruinn, agus tòrr luchd-leantainn còmhla ris. Gus nach tòisicheadh cogadh catharra, dh'iarr an t-Easbaig Friseal air Eideard an tagraiche dligheach a chur air rìgh-chathair na h-Alba.

Stòr B: bho bhreith na Cùirt Shasannaich air Uilleam Ualas, 23 Lùnastal 1305.

Ann am bliadhna ar Tighearna 1296, bha Eideard, Rìgh Shasainn, air fearann na h-Alba a ghabhail le armachd. Dh'ochuimhnich Uilleam Ualas a bhòid dìlseachd gu ar tighearna Rìgh Eideard. Thug Ualas ionnsaigh air Uilleam Heselrig, Siorram Lannraig, a bha a' cumail cùirt fhosgailte. Leòn agus mharbh e e, agus an uair sin gheàrr e an siorram ann am pìosan beaga. An dèidh sin, thug Ualas òrdughan seachad mar gum b' e a b' àirde san tìr. Mar sin, 's e breith Cùirt Eideird gun tèid Ualas a thoirt tro bhaile Lunnainn gu Smithfield Elms far an tèid a chrochadh agus an uair sin a thoirt a-nuas. Thèid corp Ualas a ghearradh an uair sin ann an ceathramhan agus thèid a cheann a chur air Drochaid Lunnainn mar rabhadh do gach duine a thèid seachad.

ROINN 1 – ALBA (a' leantainn)

Stòr C: bho Colm McNamee, *Robert Bruce* (2006).

An dèidh bàs Eideird I san Iuchar 1307, ghluais na h-ìomairtean aig a' Bhrusach gun an rìoghachd aige fhaighinn air ais gu ìre eile. Cha robh iad a' strì tuilleadh ri fuireach beò, mar a bha an dèidh lèirsgrìos Mheithinnigh agus Dail Rìghe. Bha am Brusach agus a luchd-taic a-nis a' gabhail romhpa agus a' toirt a' chath gu ruige an nàmhaid sa cheann a tuath. Bu mhath dhan Bhrusach nach robh Eideard II na neach-dùbhlain cho mòr ri athair. Tha e coltach gun tuirt am Brusach gun robh eagal na bu mhotha air ro chnàmhan an rìgh mhairbh na bha air ron fhear bheò. Dh'fhàg Eideard II Alba air 1 Samhain 1307 gun dhol an aghaidh a' Bhrusaich, agus cha do thill e gu 1310; thug seo trì bliadhna don Bhrusach airson buaidh fhaighinn air a nàimhdean. Aig an àm seo bha am Brusach a' faighinn barrachd is barrachd aithne ann an Alba mar rìgh.

Stòr D: bho Michael Penman, *The Scottish Civil War* (2002).

Bha Raibeart Brus mu thràth air co-dhùnadh gum meàrrsadh e gu tuath gus fearann nan Cuimeanach a chur fo smachd mus tàinig an naidheachd mhath dha-rìribh: Bha Eideard I air bàsachadh aig Burgh-on-Sands. Bha dùil o chionn fhada ri bàs Eideird agus b' ann an uair sin a thàinig piseach air a' Bhrusach. Nochd am Prionnsa Eideard, Eideard II a-nis, le fheachdan ann an Alba ann an 1307, ach tharraing iad air ais mus robh an samhradh seachad agus cha do thill iad airson trì bliadhna. Bha seo cudromach, leis gun do dh'fhàg e na gearastain Shasannach gun daoine gu leòr agus gun tuarastal gu leòr. Ghluais feachd a' Bhrusaich a-steach don Ghleann Mhòr: cha robh stiùir a' tighinn à Sasainn no bho Iain Cuimeanach, Iarla Bhuchan, agus leig seo leis a' Bhrusach a luchd-dùbhlain a chur air leth, fear mu seach. Bha e a-nis coltach gun robh am Brusach a' dol a bhuannachadh, 's gum faigheadh e buaidh às dèidh buaidh.

Feuch na ceistean a leanas gu lèir.

1. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air an duilgheadas a thaobh còir-oighreachais ann an Alba, 1286–1292? 9
Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.
2. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhianais air mar a sheas na h-Albannaich an aghaidh Eideird I, 1296–1305. 6
Bu chòir dhut iomradh a thoirt air:
 - *tùs an stòir agus an t-adhbhar air a shon, 's dòcha*
 - *susbaint an stòir*
 - *d' fhiosrachadh fhèin*
3. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran C agus D air mar a dh'fhàs Raibeart Brus cumhachdach. 5
Dèan coimeas eadar na stòran gu h-ìomlan agus gu mìonaideach.
[Theirig a-nis gu Roinn 2 a' tòiseachadh air *Duilleag ceithir-deug*]

ROINN 1 – ALBA – 20 comharra

Pàirt B – Linn an Ath-leasachaidh, 1542–1603

Sgrùd na stòran gu h-ìosal agus freagair na ceistean a leanas.

Stòr A: bho A. Ryrie, *The Origins of the Scottish Reformation* (2010).

Fhuair Pròstanaich a bha air fàs radaigeach misneachd 's iad a' faicinn nach robh ach fìor bheag de mhuinntir na dùthcha deònach a dhol nan aghaidh. Bha e na chuideachadh don adhbhar aca cuideachd nach robh e cho comasach do Chaitligeachd na h-Alba taic a thional an dèidh fad deich bliadhna de dheasbad phoblach. Cha robh e soilleir tuilleadh gun robh bratach ris an cruinnicheadh iad ann an Eaglais Chaitligeach na h-Alba. Agus, leis na bha air tachairt sna 1550an, cha robh cuid de dh'Albannaich cinnteach gum b' urrainn dhaibh earbsa a chur anns na Frangaich. Dh'fhàg seo cuideachd mòran Albannach a' coimhead ri Pròstanaich a bha air fàs radaigeach airson stiùir. Bha e cudromach, ann a bhith a' faighinn taic airson Ath-leasachadh, gun robh na Sasannaich Phròstanach air am faicinn mar chaidreabhaich seach nàmhaid a' sireadh ìompaireachd.

Stòr B: bho James VI, *The True Law of Free Monarchies* (1598).

Tha an Rìgh na àrd-uachdaran air an tìr gu lèir, agus mar sin, is esan maighstir gach duine a tha a' fuireach innte, is smachd aige air beatha agus bàs gach duine dhiubh (an Eaglais cuideachd). Cha ghabh prionnsa cothromach beatha gin de na h-ìochdarain aige gun lagh soilleir. Ach feumar cuimhneachadh gur e fhèin, no Rìghrean a bha ann roimhe, a rinn na laghannan agus mar sin tha a' chumhachd an-còmhnaidh a' ruith bhuaithesan, agus feumar a bhith umhail dha, leis gur e Rìghrean a-mhàin a pheanasaicheas luchd-brisidh an lagh agus chan e an eaglais. Chan eil mi a' dol às àicheadh an t-seann mhìneachaidh air Rìgh agus air lagh a nì an Rìgh. Oir gu cinnteach, chan urrainn do Rìgh a tha a' riaghladh a rèir a lagh fhèin a bhith cunntachail don Eaglais, ach do Dhia a-mhàin.

Stòr C: bho D.H. Fleming, *The Reformation in Scotland* (1910).

Cha robh smachd gu bhith aig aon duine air coitheanal no paraiste, ach bhiodh e air a riaghladh le Seisean Eaglaise san sgìre. Bha ministear, eildearan agus deaconan ann. Linntean ron Ath-leasachadh bha borghan na h-Alba air an riaghladh le comhairlean baile, ach bha buill nan comhairlean sin air an toirt bho bhuidheann bheag de dhaoine. Bha Seisean na h-Eaglaise na shiostam fada na b' fheàrr leis gun robh na buill air an taghadh bho roinn na bu mhotha den choimhearsnachd. Cheadaich na Seiseanan Eaglaise fèin-riaghladh ann an eaglaisean ionadail. Bhiodh am ministear na mhoderàtor air na coinneamhan seachdain, a bha na bu mhotha mu bheatha mhoralta muinntir na paraiste. Ghabh na h-èildearan pàirt anns an obair seo agus ann a bhith a' cumail sùil air foghlam, gu h-àraidh comas leughaidh.

ROINN 1 – ALBA (a' leantainn)

Stòr D: bho M. Lynch, *In Search of the Scottish Reformation* (2009).

Chùm an Eaglais smachd air cùisean le bhith a' cruthachadh Sheiseanan Eaglaise a bha air an ruith aig ìre ionadail. Chaidh an stiùireadh le èildearan agus deaconan a bha air an taghadh gach bliadhna. A thaobh Seiseanan na h-Eaglaise, thug seo cothrom don t-sluagh bhòtadh airson atharrachadh aig an ath thaghadh bhliadhnail. Bha èildearan cudromach leis gun do leasaich iad foghlam anns na paraistean aca, agus thug iad piseach mhòr air ìrean litearrachd. Fhuair daoine sean, euslainteach agus ciorramach, agus dilleachdain, còir air cumail suas agus fasnach riatanach. Bha an taic seo air a toirt seachad an-asgaidh bho chobhair nam bochd. Airson a' mhòr-chuid de pharaistean, b' e Seiseanan Eaglaise an aon seòrsa fèin-riaghlaidh, ach, air a' Ghàidhealtachd, bha ceann-sachadh an urra ris a' Cheann-cinnidh seach an Eaglais.

Feuch na ceistean a leanas gu lèir.

1. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' mìneachadh nan adhbharan airson an Ath-leasachaidh ann an 1560? 9
Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.

2. Dèan measadh air cho feumail 's a tha **Stòr B** ann a bhith a' mìneachadh an dàimh eadar am monarc agus an Eaglais ann an rìoghachadh Sheumais VI. 6
Bu chòir dhut iomradh a thoirt air:
 - *tùs an stòir agus an t-adhbhar air a shon, 's dòcha*
 - *susbaint an stòir*
 - *d' fhiosrachadh fhèin*

3. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran C** agus **D** air buaidh an Ath-leasachaidh air Alba. 5
Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus gu mionaideach.

[Theirig a-nis gu Roinn 2 a' tòiseachadh air *Duilleag ceithir-deug*]

ROINN 1 – ALBA – 20 comharra

Pàirt C - Cùmhnant an Aonaidh, 1689-1740

Sgrùd na stòran gu h-ìosal agus freagair na ceistean a leanas.

Stòr A: bho Christopher A. Whatley, *The Scots and the Union* (2007).

Bha na h-Albannaich searbh nach d' fhuair iad taic bhon Rìgh Uilleam agus riaghaltas Shasainn aig àm mòr-thubaistean nam Bliadhnachan Bochda a sheas ùine mhòr. Chaidh an àireamh-sluaigh sìos gu mòr bho 1.23 millean ann an 1691 gu 1.03 millean ann an 1700, agus bha leth-cheud bliadhna ann mus do dh'èirich àireamh-sluaigh na h-Alba os cionn àireamh 1690. Dh'fhuiling malairt na h-Alba gu mòr nuair a bha cogadh eadar Sasainn agus an Fhraing anns na 1690an. Bhiodh Albannaich cuideachd a' bruidhinn air mealladh mòr a chaidh a dhèanamh orra 's iad a' feuchainn ri coloinidh a chur air bhonn ann an Darrien. Cuideachd, bha Albannaich mothachail nach robh Alba air adhartas sam bith a dhèanamh o àm Aonadh nan Crùn, àm nuair a bha Sasainn agus dùthchannan eile air piseach a thoirt air na h-eaconamaidhean aca, leis gun robh buaidh Shasainn a' cur bacadh air oidhirpean Alba.

Stòr B: bho Lockhart of Carnwath, *Memoirs* (1714).

Bha iomgain air ministearan agus BP mun chunnart a bha ann do dhòigh riaghlaidh na h-Eaglaise le Clèirean, agus rinn iad dì-moladh mòr air an Aonadh olc bho chùbaidean, no rinn iad òraidean na aghaidh ris a' Phàrlamaid. Ach cho luath 's a ghabh a' Phàrlamaid ri Achd Tèarainteachd na h-Eaglaise dh'fhalbh a' mhòr-chuid dhen teas, agus b' e fonn eile a bha aig na BP 's iad a' moladh an Aonaidh. Ach 's e seo firinn na cùise: bha e riatanach gun deigheadh suim airgid a sgaoileadh am measg nan Albannach, agus b' e sgaoileadh a' Cho-ionainn am measg luchd-tasgaidh ann an Companaidh na h-Alba an dòigh a b' fheàrr air brìbearachd a dhèanamh air dùthaich. Chaidh tiotalan a thoirt seachad, cho math ri suim £20,000 ann an tuarastal air an robh na BP a' feitheamh, agus a chaidh a phàigheadh gu dìomhair tro Iarla Ghlaschu. Agus mo thruaighe, bha a' bhuil a bhathar a' sireadh ann.

Stòr C: bho litir a sgrìobh Iarla Mhàrr gu bhràthair (1711).

A rèir choltais, tha a' mhòr-chuid de dh'Albannaich air an sàrachadh leis an Aonadh seo a bha na mhearachd, mar a tha na Sasannaich. Am beachd muinntir na dùthcha againn, 's e aon dòigh air faothachadh a thoirt dhuinn bhon chruadal seo, an t-Aonadh a sgaoileadh le Achd Pàrlamaid ann an Taigh nam Morairean. Chuireadh seo sinn dhan aon àite anns an robh sinn ro 1707. Ge-tà, nam biodh e comasach, dhèanadh na Sasannaich an Còir-oighreachais Hanobhàrianach maireannach. Sin ma-thà an suidheachadh sa bheil sinn, agus tha mi den bheachd nach robh Albannaich riamh ann an suidheachadh na bu chruaidhe, agus an eaconamaidh gu bhith a' fuireach còmhnard airson deicheadan bhliadhnachan. Nam faiceamaid dòigh air faighinn a-mach às an Aonadh gun chogadh, bhiodh sin na chofhurtachd dhuinn, ach tha eagal orm gu bheil sin do-dhèante.

Stòr D: bho Michael Fry, *The Union: England, Scotland and the Treaty of Union* (2006).

Bho thaobh nan Albannach dheth, ann an ùine ghoirid bha an t-Aonadh air fhaicinn mar mhearachd uabhasach. Bha fiù 's luchd-taic an Aonaidh a' gabhail aithreachas mu na rinn iad. Cha tàinig leasachadh eaconamach airson co-dhiù leth-cheud bliadhna; an àite gnìomhachasan a bhith a' fosgladh sa mhargadh choitcheann ùr, dhùin gnìomhachasan. Chuir na Sasannaich dàil ann a bhith a' pàigheadh a' Cho-ionainn a bha air a ghealltainn, airgead nach robh aca, agus rinn iad dìmeas air na h-Albannaich ann am Westminster. Nuair a thàinig 1713, bha ìmpidh air luchd-poilitigs Albannach ann am Westminster an diomb a shealltainn ann an dòigh dhràmach, agus dh'aontaich iad moladh a chur air adhart ann an Taigh nam Morairean gun deigheadh an t-Aonadh a sgaoileadh. Dh'fhaillich seo le dìreach ceithir bhòtaichean. Taobh a-staigh dà bhliadhna, bhiodh ar-a-mach armaichte ann an Alba an aghaidh an Aonaidh agus gu dearbh, b' e Màrr a bha os cionn an ar-a-mach.

Feuch na ceistean a leanas gu lèir.

1. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air mar a bha dàimhean eadar Alba agus Sasainn a' dol na bu mhiosa? 9
Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.

3. Dèan measadh air cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhianais air na h-adhbharan airson gabhail ri Achd an Aonaidh. 6
Bu chòir dhut iomradh a thoirt air:
 - *tùs an stòir agus an t-adhbhar air a shon, 's dòcha*
 - *susbaint an stòir*
 - *d' fhiosrachadh fhèin*

3. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran C agus D air buil an Aonaidh gu 1740. 5
Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus gu mionaideach.

[Theirig a-nis gu Roinn 2 a' tòiseachadh air *Duilleag ceithir-deug*]

ROINN 1 – ALBA – 20 comharra

Pàirt D - Imrich agus Ìompaireachd, 1830-1939

Sgrùd na stòran gu h-ìosal agus freagair na ceistean a leanas.

Source A: bho *Life in Shetland* mar a chaidh aithris ann am pàipear-naidheachd ionadail.

B' ann sna bliadhnan 1861–1871 a thòisich crìonadh ann an àireamh-sluaigh Shealtainn, agus lean sin airson an ath cheud bliadhna. Bha saoghail ùra a' fosgladh ann an Canada, Astràilia agus Sealán Nuadh. Thàinig leasachaidhean ann an còmh-dhail agus conaltradh air sgàth caochladh mòr tionnsgalach agus teicneòlach, agus le sin fhuair na h-Albannaich a-mach gun robh cùisean na b' fheàrr thall thairis. Fo Achd Foghlaim 1872, bha foghlam a-nis riatanach, agus rinn seo daoine na bu mhothachaile buileach air cothroman a bha ann ann am Breatainn agus an àitean eile. Air sgàth seo, dh'fhàs na h-eileanaich mì-riaraichte leis an dòigh-beatha chugallach aca, ag obair cruaidh air an fhearann agus aig muir, agus thug seo air mòran dhiubh eilthireachd a dhèanamh. Dh'fhàg an deicheadh cuid de shluagh Shealtainn na cladaichean seo eadar 1861 agus 1881.

Stòr B: bho litir a chuir Daibhidh MacArtair, a-nis a' fuireach ann an Canada, gu a phiuthar ann an Alba, 11 Gearran 1874.

Tha mi fhìn 's do chòignear bhràithrean eile a' dèanamh gu math an seo ann am Winnipeg. Sa chola-deug mu dheireadh tha do bhràthair Ailig air a bhith trang a' cuideachadh D.A. Mhic a' Ghobhainn gus buaidh fhaighinn le ceud seat ann an taghaidhean pàrlamaid. Tha do bhràthair eile Donnchadh air a bhith trang cuideachd a' faighinn thairgsean airson togail a' bhanca ùir a thèid air adhart aon uair 's gum bi an sneachd air falbh. Tha ùpraid mhòr an seo an-dràsta mu dheidhinn far an tèid togalaichean riaghaltais a chur. Tha planaichean ann airson Oifis Puist, Taigh Cusbainn agus Oifis Fearainn a thogail. Tha an t-àite gnìomhachais an-dràsta dìreach mu choinneamh togalach do bhràthar, Peadar. Ma leanas malairt san aon àite, thèid luach an togalaich aige suas a dheich uimhir.

Stòr C: bho Christopher A Whatley, *The Industrial Revolution in Scotland* (1997).

Leis gun robh iad deònach gabhail ri tuarastail na b-ìsle, bha na h-Èireannaich dualtach gabhail ri ceàirdean anns an robh e na b' fhasa obair fhaighinn, mar fighe air beairt-làimhe, agus na b' anmoiche sna 1830an b' iadsan 30% den luchd-obrach sin. Bha leasachadh tionnsgalach a' tachairt aig an àm, agus bha luchd-fastaidh a bha a' gabhail brath air na cothroman toilichte an cleachdadh. Bha na h-Èireannaich eòlach air obair chruaidh mar mèinneadh airson clach-iarainn, agus obair neo-sgileil far an robh iad na bu lìonmhoire na na h-Albannaich. Bha diomb air an fheadhainn sin de mhuinntir na dùthcha a dh'fhairich buaidh farpais an tuarastail ìosal a chruthaich na h-Èireannaich. Leis gun robh a' mhòr-chuid de na h-in-imrichean den chreideamh Chaitligeach, bha seo a' cur ri frionas sòisealta ann am bailtean mèinnearachd agus breabadaireachd, agus ann am bailtean beaga ann an coimhearsnachdan Clèireach.

Stòr D: bho Mary Edward, *Who belongs to Glasgow?* (1993).

Anns na 1840an agus na 1850an bha daoine a' taomadh a-steach a Ghlaschu, na mìltean dhiubh gach seachdain. Gun teagamh, bha an luchd-obrach Èireannach a' tighinn a Ghlaschu leis gun robh iarrtas ann airson luchd-obrach air sgàth 's gun robh an eaconamaidh a' fàs. Beag air bheag, mar a bha sluagh Caitligeach a' bhaile a' fàs, chaidh eaglaisean Caitligeach Gàidhealach agus Èireannach a thogail. Ach bha aimhreit an aghaidh Chaitligeach ann an Glaschu gu bhith na phàirt de na deicheadan a bha air thoiseach, agus a' mhòr-chuid dheth an aghaidh nan Èireannach. Bha tòrr den nàimhdeas co-cheangailte ris a' bheachd gun robh na h-Èireannaich a' toirt obair air falbh bho mhuinntir an àite agus a' cumail thurastalan ìosal. Chan eil seo ag aithneachadh gun robh na h-Èireannaich gu tric a' dèanamh obair chruaidh, shalach nach robh muinntir an àite ag iarraidh, ag obair nam mèinnearan no nan saothraichean air rèilichean agus air canàlan, ann an suidheachadh nach robh mòran na b' fheàrr na bhith nan tràillean.

Feuch na ceistean a leanas gu lèir.

1. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' mìneachadh nan adhbharan airson imrich agus eilthireachd ann an Alba? 9
Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.

2. Dèan measadh air cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhianais air buaidh eilthirich Albannach air an Ìompaireachd. 6
Bu chòir dhut iomradh a thoirt air:
 - *tùs an stòir agus an t-adhbhar air a shon, 's dòcha*
 - *susbaint an stòir*
 - *d' fhiosrachadh fhèin*

3. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran **C** agus **D** air buaidh imriche agus na h-Ìompaireachd air Alba. 5
Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus gu mionaideach.

[Theirig a-nis gu Roinn 2 a' tòiseachadh air *Duilleag ceithir-deug*]

ROINN 1 – ALBA – 20 comharra

Pàirt E - Buaidh a' Chogaidh Mhòir, 1914-1928

Sgrùd na stòran gu h-ìosal agus freagair na ceistean a leanas.

Stòr A: bho *The History of the 51st [Highland] Division, 1914–18* le Major F.W. Bewsher D.S.O., M.C. (1920).

Cha bhiodh eachdraidh sam bith mun Fheachd Ghàidhealach coileanta gun facal a ràdh mun Albannach agus mun nàmhaid aige. B' e neach-sabaid trainnse mìorbhaileach a bha san Albannach. Leis cho math 's a bha am fear a bha na aghaidh, b' e euchd fiù 's na bu mhotha a bh' ann gun d' fhuair an t-Albannach buaidh air an nàmhaid anns gach cath bho 13 Samhain 1916 gu 29 Dàmhair 1918. A thaobh an Albannaich, bha e doirbh fir cho comasach ris an Fheachd Ghàidhealach a lorg. Cha do rinn an cogadh ach cur ri cliù a' Ghàidheil mar neach-sabaid. Rinn na ceannardan aca inneal-cogaidh fìor ghleusta dhiubh. A rèir an aithrisean fhèin, bha barrachd eagail air na Gearmailtich ron Fheachd Ghàidhealach na bha orra ro Fheachd sam bith eile air an Loidhne-aghaidh an Iar. Cha b' ann air sgàth 's gum b' iad an fheadhainn bu bhuirbe a bha seo, oir b' e neach-sabaid glan a bha san Albannach, ach air sgàth agus, an dèidh iomairt na Somme ann an 1916, nach do dh'fhaillich air an Fheachd aon uair tuilleadh.

Stòr B : bho bheachd an deasaiche san *Glasgow Herald*, 29 Giblean 1924.

Bidh còrr is 300 eilthireach a Chanada, air an toirt gu ìre mhòr bho sgìrean àiteachais na h-Alba, air an t-soitheach *Cassandra* le Anchor-Davidson, a bhios a' fàgail Glaschu airson Quebec agus Montreal Diardaoin. Tha cuid mhath de na daoine a tha a' siubhal nam fir òga gun phòsadh, a tha a' dol a-mach fo Achd Tuineachaidh na h-Ìompaireachd gus am fearann obrachadh. Tha tòrr theaghlaichean òga ann cuideachd a tha a' dol a-null gu càirdean a tha stèidhte ann an Canada mu thràth. Bidh dà fhichead boireannach air bòrd cuideachd. Tha an Companaidh Rèile Canadian Pacific ag innse gu bheil an Roinn Coloineachaidh aca air 1,200 iarrtas fhaighinn bho thuathanaich ann an Canada airson taic sa bhad. Tha feum air fir gun phòsadh a tha eòlach air obair fearainn. 'S fheàrr le na tuathanaich Chanèidianach eilthirich Albannach a chleachdadh airson obair tuathanais; mar sin tha fir à Alba air am misneachadh gus eilthireachd a dhèanamh leis gu bheil obair chinnteach romhpa.

ROINN 1 – ALBA (a' leantainn)

Stòr C: bho Richard J. Finlay, *Controlling the Past: Scottish Historiography and Scottish Identity in the 19th and 20th Centuries* (1994).

Bha dearbh-aithne Albannach ann an cruaidh-chàs san ùine eadar na cogaidhean leis gun robh bunaitean misneachd na h-Alba air an crathadh air sgàth 's an troimh-a-chèile a bha ann an dèidh a' chogaidh. Bha an Ìompaireachd a' falbh às a chèile; chuir duilgheadasan eaconamach crìoch air a' bheachd gun robh Alba na 'bùth-obrach na h-Ìompaireachd'. Bha barrachd eilthireachd chun nan coloinidhean air fhaicinn mar fhreagairt do shuidheachadh far nach robh cothroman sòisealta no eaconamach ann. Chaill an Eaglais a h-àite gu ìre leis nach robh buaidh cho mòr aig creideamh air a' chomann-shòisealta, agus bha an cor sòisealta uabhasach agus slumaichean a' toirt seachad dealbh gu tur eadar-dhealaichte air an dùthaich. Bha luchd-poilitigs agus luchd-sgoilearachd a' deasbad "crìoch na h-Alba" agus bha e coltach ris gun robh an dùthaich a' bàsachadh. Airson tòrr dhaoine, cha robh air fhàgail aig Alba agus a dearbh-aithne a dhearbhadh ach eachdraidh, agus dh'fheumadh sin a bhith air ath-atharrachadh gus freagairt air an t-suidheachadh ùr.

Stòr D: bho Trevor Royle, *The Flowers of the Forest: Scotland and the First World War* (2006).

San ùine o chrìochnaich an cogadh, bha sgeulachd na h-Alba air a bhith mu chrìonadh coitcheann agus mu chall misneachd a thàinig mean air mhean. Eadar 1921 agus 1923, thuit an àireamh de shoithichean a bha gan togail air Chluaidh. Bha gnìomhachasan troma eile a' fulang agus chaidh toradh nam mèinnean guail sìos. Gheall Lloyd George gum biodh 'taighean airson ghaisgeach' ann, ach gu tric dh'fheumadh saighdearan a thill a bhith ann an taighean dùmhail, mì-fhallain. Sna 1920an, air sgàth cion obraichean, bha an àireamh de dh'Albannaich a chaidh a-null thairis air àirde ùr a ruighinn - 555,000. Sheall cunntas-sluaigh a rinn Bòrd an Àiteachais ann an 1921 gun robh lùghdachadh obann anns an àireamh de dhaoine a bha ri obair fearainn.

Feuch na ceistean a leanas gu lèir.

1. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' mìneachadh mar a chaidh do na h-Albannaich air an Loidhne-aghaidh an Iar?

9

Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin.

2. Dèan measadh air cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhianais air na h-adhbharan airson gun do dh'fhàg uimhir a dh'Albannaich Alba an dèidh 1918.

6

Bu chòir dhut iomradh a thoirt air:

- *tùs an stòir agus an t-adhbhar air a shon, 's dòcha*
- *susbaint an stòir*
- *d' fhiosrachadh fhèin*

2. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran C agus D mun chruaidh-chàs a thaobh dearbh-aithne na h-Alba a thàinig an dèidh 1918.

5

Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus gu mionaideach.

[Theirig a-nis gu Roinn 2 a' tòiseachadh air *Duilleag ceithir-deug*]

ROINN 2 – BREATAINN – 20 comharra

Pàirt A – Eaglais, Stàit agus Comann-sòisealta Fiùdalach, 1066–1406

1. Dè cho cudromach 's a bha clas an luchd-tuatha ann an comann-sòisealta fiùdalach? 20
3. Dè an ìre chun an robh àite na h-Eaglais ann an comann-sòisealta meadhan-aoiseil air a chuingealachadh ri creideamh? 20
4. Dè an ìre chun an robh am miann aig Eanraig II air an eaconamaidh a leasachadh na phrìomh adhbhar airson gun tug e cumhachd rìoghail chun a' mheadhain? 20

Pàirt B – Linn nan Caochlaidhean Mòra, 1603–1702

4. Dè cho cudromach 's a bha ionmhas mar adhbhar airson gun deach dùbhlán a thoirt do dh'ùghdarras Sheumais I ann an Sasainn? 20
5. Dè cho soirbheachail 's a bha Teàrlach I ann a bhith a' cur an ùghdarras aige an gnìomh an Alba? 20
6. Dè an ìre chun am b' e Cromwell a bhith an eisimeil an airm a bu chòir nach deach dòigh riaghlaidh ùr a lorg, 1649–1658? 20

Pàirt C – Malairt Atlantaigeach nan Tràillean

7. *B' e gainnead luchd-obrach air planntachasan nan Innseachan an Iar am prìomh adhbhar gun do dh'fhàs malairt Atlantaigeach nan tràillean.*
Dè cho èifeachdach 's a tha am beachd seo? 20
8. Dè cho cudromach 's a bha malairt nan tràillean ann an leasachadh eaconamaidh Bhreatainn san 18mh linn? 20
9. Dè an ìre chun an tug malairt nan tràillean droch bhuaidh air coimhearsnachdan Afraga? 20

Pàirt D – Breatainn, 1851–1951

10. Dè cho mòr agus a bha am fàs air deamocrasaidh ann am Breatainn an dèidh 1851 mar thoradh air obair nam buidhnean-tagraidh? 20
11. *Nuair a thàinig 1928, b' e dùthaich gu tur deamocratach a bh' ann am Breatainn.*
Dè cho ceart 's a tha am beachd seo? 20
12. Dè cho cudromach 's a bha rannsachaidhean sòisealta Booth agus Rowntree ann an co-dhùnadh an riaghaltais Libearalaich gun toireadh iad ath-leasachaidhean sòisealta a-steach, 1906–1914? 20

Pàirt E – Breatainn agus Èirinn, 1900–1985

13. Dè cho cudromach 's a bha Poblachdas Èireannach a bhith a' nochdadh às ùr, a thaobh 's mar a dh'fhàs cùisean nas frionasaiche ann an Èirinn suas gu 1914? 20
14. Dè an ìre chun an tug a' Chiad Chogadh atharrachadh air suidheachadh poilitigeach na h-Èireann? 20
15. Dè an ìre chun an robh sgaraidhean anns an iomairt Phoblachdach nan adhbhar airson toiseach Cogadh Catharra na h-Èireann? 20

[Theirig a-nis gu Roinn 3 a' tòiseachadh air *Duilleag sia-deug*]

ROINN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL – 20 comharra

Pàirt A – Cogaidhean na Croise, 1071–1204

1. Dè cho cudromach 's a bha eagal ro leudachadh Ioslamach nuair a chaidh Ciad Cogadh na Croise a ghairm? 20
2. Dè an ìre chun am b' e am miann gus tuilleadh fearainn fhaighinn san Tìr Naomh a bha air cùl iomairtean na croise? 20
3. Dè an ìre chun am b' e gun deach buaidh fhaighinn air na feachdan Crìosdaidh aig Hattin a bu chòireach gun do thuit Ierusalem ann an 1187? 20

Pàirt B – Ar-a-mach Ameireaga, 1763–1787

4. Dè an ìre chun an do dh'adhbharaich Achdan na Maraicheachd gun robh muinntir nan coloinidhean feargach le Breatainn nuair a thàinig 1763? 20
5. Dè cho cudromach 's a bha connspaidean mu chisean ann a bhith ag atharrachadh beachd muinntir nan coloinidhean gu neo-eisimeileachd nuair a thàinig 1776? 20
6. *B' e gnothach cruinneil a bha ann an Cogadh Saorsa Ameireaga.*
Dè cho fìor 's a tha am beachd seo? 20

Pàirt C – Ar-a-mach na Frainge, gu 1799

7. Dè an ìre chun am b' e gearanan a' bhourgeoisie bu mhotha a thug de dhùbhlann don Ancien Regime anns na bliadhnan ro 1789? 20
8. *B' ann air sgàth duilgheadasan ionmhais an Ancien Regime a thòisich an t-Ar-a-mach nuair a thàinig 1789.*
Dè cho èifeachdach 's a tha am beachd seo? 20
9. Dè an ìre chun an gabh coire a chur air Robespierre airson Linn an Uabhais san Fhraing, 1792–1795? 20

Pàirt D – A' Ghearmailt, 1815–1939

10. Dè cho cudromach 's a bha cùisean eaconamach ann am fàs nàiseantachd sa Ghearmailt, 1815–1850? 20
11. Dè an ìre chun an robh dha-rìribh fàs ann an nàiseantachd Ghearmailteach suas gu 1850? 20
12. Dè cho cudromach 's a bha àite Bismarck ann a bhith a' coileanadh aonadh na Gearmailt nuair a thàinig 1871? 20

Pàirt E – An Eadailt, 1815–1939

13. Dè cho cudromach 's a bha cùisean eaconamach ann am fàs nàiseantachd san Eadailt, 1815–1850? 20
14. Dè an ìre chun an robh dha-rìribh fàs ann an nàiseantachd Eadailteach suas gu 1850? 20
15. Dè cho cudromach 's a bha àite Gharibaldi ann a bhith a' coileanadh aonadh na h-Eadailt nuair a thàinig 1870? 20

Pàirt F – An Ruis, 1881–1921

16. *Ro 1905, cha b' urrainn do bhuidhnean dùbhlanaich cur gu h-èifeachdach an aghaidh ùghdarras stàit an Tsar.*
Dè cho èifeachdach 's a tha am beachd seo? 20
17. Dè cho cudromach 's a bha gun d' fhuair Iapan buaidh armailteach ann a bhith ag adhbharachadh ar-a-mach 1905? 20
18. Dè an ìre chun am b' e coire Nicholas II a bh' ann gun do thuit riaghltas an Tsar sa Ghearran 1917? 20

Pàirt G – SA, 1918–1968

19. Dè an ìre chun an do mhìnich poileasaidh Aonarachdais mar a dh'atharraich beachdan air in-imrich sna SA anns na 1920an? 20
20. Dè an ìre chun am b' e co-chùnadh na Cùirt as Àirde - 'air leth ach co-ionann' - am prìomh chnap-starra a bha ro Ameireaganaich dhubha ann a bhith a' faighinn chòraichean catharra ro 1941? 20
21. Dè cho èifeachdach 's a bha an New Deal ann a bhith a' fuasgladh duilgheadasan Ameireaga sna 1930an? 20

Pàirt H – Sìtheachadh agus an t-Slighe gu Cogadh, gu 1939 20

22. Dè an ìre gu bheil duilgheadasan eaconamach a' mìneachadh cho ionnsaigheach 's a bha poileasaidhean cèin faisisteach sna 1930an? 20
23. *Chuir na h-ùghdarrasan faisisteach am poileasaidhean cèin an sàs le bhith a' bagairt armailt agus làmhachas-làidir anns na bliadhnan an dèidh 1933.*
Dè cho èifeachdach 's a tha am beachd seo? 20
24. Dè cho soirbheachail 's a bha riaghaltasan Bhreatainn ann a bhith a' coileanadh amasan am poileasaidh cèin ron Mhàrt 1938? 20

Pàirt I – An Cogadh Fuar, 1945 1989

25. Dè an ìre chun am b' e co-dhùnadh Ameireaga am boma niuclasach a chleachdadh an aghaidh Iapan a bu chòir a' airson mar a leasaich an Cogadh Fuar suas gu 1955? 20
26. Dè an ìre chun an deach dùbhlain ceart a thoirt do smachd Shobhieteach air an Roinn Eòrpa an Ear suas gu 1961? 20
27. *B' e fianais-dhùbhlain leis an t-sluagh aig an taigh bu mhotha a thug air Ameireaga tarraing a-mach à Bhietnam.*
Dè cho èifeachdach 's a tha am beachd seo? 20

[CRÌOCH SAMPALL A' PHÀIPEIR-CHEISTEAN]